


Am Prionnsa Muile-mhàg



An teacs Margaret Nash
Na dealbhan Justin Grassi
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud bha bana-phrionnsa ann
agus bha bàlla àlainn aice.

Bha dath an òir air, mar a' ghrian.

Aon latha teth chaidh a' bhana-phrionnsa
dhan ghàrradh a chluich leis a' bhàlla.



Thilg i am bàlla dhan adhar agus chuir
i a-mach a làmhan airson a ghlacadh.
Ach nuair a thilg i am bàlla an dara turas
chaidh e suas ... agus suas ... agus suas ...
agus an uair sin sìos ... sìos ... sìos.
SPLAIS! Thuit e dhan lòn.



“O, dè a-nis!” ars a’ bhana-phrionnsa.

“Mo bhàlla àlainn òir!”

Ruith i a-null chun an lòn

ach cha robh sgeul air a’ bhàlla.

Bha an lòn a’ coimhead uabhasach dorcha.



Bha a' bhana-phrionnsa cho brònach
is gun do shuidh i sìos a' rànaich.

Dìreach an uair sin dh'èigh cuideigin rithe,
“Dè tha ceàrr ort, a bhana-phrionnsa?
Carson a tha thu a' rànaich?”





Choimhead a' bhana-phrionnsa suas agus
chunnaic i muile-mhàg.

“Tha am bàlla àlainn òir agam nad lòn,” thuirt i.


“An cuidich thu mi?”

“Ma gheibh mi e dhut,” ars a' mhuile-mhàg,

“an cluich thu còmhla rium?”

“Cluichidh,” ars a' bhana-phrionnsa.

Shnàmh
a' mhuile-mhàg
sìos dhan lòn.



Thàinig i nuas agus am bàlla aice na beul.
Choimhead a' bhana-phrionnsa rithe.
“O, tapadh leat, tapadh leat,”
ars a' bhana-phrionnsa.





“A-nis an cluich thu còmhla rium?”

dh’fhaighnich a’ mhuile-mhàg.


Cha bu toil leatha am beul mòr aice
no an cnap mòr air a sròin.

Cha robh i airson cluich còmhla ris
a’ mhuile-mhàig bhig ghrànda ud.






“Chan urrainn dhomh cluich còmhla riut an-dràsta,” thuirt a’ bhana-phrionnsa.
“Feumaidh mi dhol air ais dhan lùchairt gum theatha.” Agus ruith i air falbh cho luath ’s a b’ urrainn dhi.



Nuair a bha a' bhana-phrionnsa a' gabhail a teatha thàinig a' mhuile-mhàg chun an dorais. "A bhana-phrionnsa bheag, a bhana-phrionnsa bheag," dh'èigh i. "Nach leig thu steach mi."



“Cò tha siud?” dh’fhaighnich an rìgh.

“Chan eil ann ach muile-mhàg bheag ghrànda,”
ars a’ bhana-phrionnsa.

“Bha mise a’ cluich lem bhàlla an-diugh agus
thuit e dhan lòn.

Thug a’ mhuile-mhàg air ais thugam e.”



“Mar sin ’s e caraid a th’ innte dhut,” ars an rìgh.
 Dh’fhalbh e agus dh’fhosgail e an doras.
 Thàinig a’ mhuile-mhàg bheag a-steach dhan
 lùchairt.

Leum i suas air
 sèithear, an uair
 sin leum i
 air a’ bhòrd.





“Am faigh mi balgam dhen teatha agad?”
dh’fhaighnich a’ mhuile-mhàg.



“Chan fhaigh!” ars a’ bhana-phrionnsa.
Ach cha robh an rìgh air a dhòigh agus thuirt e,
“Thoir dhi pàirt dhed bhiadh.”




Às dèidh na teatha thuirt a' mhuile-mhàg,

“Tha mi airson cadal a-nis.

Am faod mi cadal air do leabaidh?”

“Chan fhaod,” thuirt a' bhana-phrionnsa.



An uair sin dh'fhàs an rìgh uabhasach fiadhaich.

“Leig leatha cadal air do leabaidh,” thuirt e.

Leum a' mhuile-mhàg air an leabaidh.



“An toir thu pòg dhomh mus caidil mi?”


dh’fhaighnich a’ mhuile-mhàg.

Bha a’ bhana-phrionnsa a’ dol a ràdh,

“Cha tòir,” ach chunnaic i gun robh an
rìgh crosta.



Mar sin dhùin i a sùilean
agus thug i pòg dhan
mhuile-mhàig.



Ach nuair a dh'fhosgail i a sùilean,
chan e muile-mhàg a bha aice ach prionnsa.
Bha beul mòr air agus cnap air a shròin,
ach bha gàire air aodann.
Chòrd e ris a' bhana-phrionnsa.

